

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL

Comharraidhean

EP19/H/02

Gàidhlig
Èisteachd

Gàidhlig
Listening

Latha — Gun bhuinteanas
Date — Not applicable
Ùine: — 40 mionaid (moladh)
Duration — 40 minutes



* EP 19 H 0 2 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mios

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharraidhean gu lèir — 20

ÈISTEACHD AIRSON TUIGSINN, MION-SGRÙDADH IS LUACHADH — 20 comharra

Nuair a dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean anns an leabhran freagairt.

Cluinnidh tu earrann air a leughadh. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson nan ceistean a leughadh.** Cluinnidh tu an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach leughadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir, anns a' Ghàidhlig, anns na beàrnan iomchaidh.

Faodaidh tu notaichean a sgrìobhadh aig àm sam bith, ach san leabhran seo a-mhàin.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainn fhàgail ro dheireadh na deuchainn.

Mus fàg thu rùm nan deuchainn feumaidh tu gach leabhran a thoirt don Neach-faire. Mura dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.



* EP 19 H 0 2 0 1 *

Ceistean

1. Carson, nad bheachd, a tha Alba agus na h-Eileanan Siar air an ainmeachadh aig toiseach na h-earrainn?

2

2. (a) Dè an dòigh-riaghlaidh a tha air na h-Eileanan Fàrach?

2

- (b) Ainmich dà dhleastanas a tha aig an Danmhairg ann a bhith a' riaghladh nan eilean.

2

3. (a) Dè an cead a fhuair na h-Eileanan Fàrach o chionn beagan is fichead bliadhna?

2

- (b) Carson a bha e na iongnadh gun do rinn na h-Eileanan Fàrach an gnothach air an Ostair?

2

4. Carson a tha na h-Eileanan Fàrach a' feuchainn ris an eaconamaidh aca a leudachadh?

2



5. (a) Dè an inbhe a fhuair na h-eileanan ann an iris o chionn ghoirid?

1

(b) Cò ris a tha sìde nan eilean coltach san t-samhradh?

2

6. (a) Dè seòrsa cànan a tha ann am Fàrothais?

1

(b) Dè an ceangal a bha eadar Fàrothais agus Alba, a rèir choltais?

2

7. Beachdaich air deireadh na h-earrainne. Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean, seall dè cho èifeachdach 's a tha an neach-labhairt ann a bhith a' dèanamh coimeas eadar staid a' chànain Fàrothais agus suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba.

2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR SAMPAILL]



* E P 1 9 H 0 2 0 3 *

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* E P 1 9 H 0 2 0 4 *

Duilleag a ceithir

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* E P 1 9 H 0 2 0 5 *

Duilleag a còig



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL

EP19/H/12

Latha — Gun bhuinteanas
Date — Not applicable
Ùine: — 40 mionaid (moladh)
Duration — 40 minutes

**Gàidhlig
Earrann Èisteachd**

**Gàidhlig
Listening Transcript**

This paper must not be seen by any candidate.

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



* EP19H12 *

Cluinnidh tu earrann mu eileanan a tha suidhichte taobh an iar-thuath na h-Alba.

Eileanan Iomallach

Tha na h-Eileanan Fàrach anns a' Chuan Siar còrr is ceud mìle bho cheann a tuath na Rìoghachd Aonaichte. 'S i Alba an dùthaich, agus 's iad na h-Eileanan Siar na h-eileanan, as fhaisge orra. Ann an iomadh dòigh, tha Alba agus na h-Eileanan Fàrach gu math coltach ri chèile. Mar eisimpleir, ged a bhuineas na h-eileanan dhan Danmhairg, tha tomhas de fhèin-riaghladh aca, mar a tha aig Alba an taobh a-staigh den Rìoghachd Aonaichte. Tha smachd aig na h-Eileanan Fàrach air seirbheisean anns na h-eileanan fhèin ach 's ann air an Danmhairg a tha an t-uallach airson dìon, ceartas agus gnothaichean cèin. Mar sin, chan eil iad gu tur neo-eisimeileach, ged a luthaigeadh cuid anns na h-eileanan gun robh.

'S dòcha gur e ball-coise a bu mhotha a thug na h-Eileanan Fàrach gu aire muinntir na h-Alba an toiseach. O chionn beagan is fichead bliadhna, fhuair sgioba nan eilean cead pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean eadar-nàiseanta. Anns a' chiad gheama a chluich iad den t-seòrsa sin rinn iad an gnothach air an Ostair. Cha robh dùil aig duine ri sin agus àireamh-sluaigh fada nas motha aig an Ostair agus gun aig na h-Eileanan ach cluicheadairean pàirt-ùine. Bhon uair sin, tha sgioba nan eilean air cluiche an aghaidh sgioba na h-Alba iomadh turas agus uaireannan air dùbhlàn a thoirt dhuinn.

Tha eaconomaidh nan Eilean Fàrach gu mòr an crochadh air iasgach na mara agus tuathanachas-èisg agus tha crìonadh anns na gnìomhachasan sin air trioblaidean ionmhais adhbhrachadh anns na bliadhnachan mu dheireadh. Coltach ri sgìrean iomallach na h-Alba, tha na h-Eileanan Fàrach a-nis a' feuchainn ris an eaconomaidh aca a leudachadh gus am bi i air bun-stèidh nas seasmhaiche. Tha iad a' cur cuideam gu h-àraidh air cosnaidhean dhan òigridh oir bidh iadsan tric a' cur cùl rin dachaigh airson foghlam àrd-ìre agus airson tuarastal nas fheàrr fhaighinn thall thairis.

Thathar a' dèanamh oidhirp mhòr gus barrachd obrach a chruthachadh ann an teicneòlas fiosrachaidh agus ann an turasachd. Tha barrachd luchd-turais a-nise a' tighinn dha na h-Eileanan Fàrach agus, bho chionn ghoirid, chaidh na h-eileanan ainmeachadh ann an iris mar na h-eileanan as tarraingiche san t-saoghal. Chan ann air sgàth na h-aimsir a bhios luchd-turais a' tadhal air na h-eileanan, ge-tà. Ged a bhios sinne ann an Alba a' càineadh na sìde againn, tha barrachd adhbhair gearain aig muinntir nan Eilean Fàrach. Fiù 's as t-samhradh tha an teothachd anns na h-eileanan dualtach a bhith ìosal agus chan fhaicear a' ghrian cho tric 's a bhiodh dùil.

Mar a tha a' Ghàidhlig againn ann an Alba, tha an cànan fhèin aig muinntir nan Eilean Fàrach. 'S ann do theaghlach nan cànan Lochlannach a bhuineas Fàrothais agus thathar a' meas gun robh dlùth-cheangal aice ris a' chànan a bha uaireigin air a cleachdadh ann an Arcaibh is Sealtainn.

Airson linntean bha na h-Eileanan Fàrach fo làn-smachd na Danmhairg. Aig an àm sin chaidh Fàrothais a thoirmeasg anns an eaglais agus anns na sgoiltean agus chaidh Danmhairgis a sparradh orra na h-àite. Fad bhliadhnachan chailleadh comas leughaidh agus sgrìobhaidh sa chànan. Ach, aig toiseach na ficheadamh linne, thàinig ath-bheothachadh air Fàrothais. Mean air mhean, chaidh a toirt air ais agus, san latha an-diugh, thathar a' faicinn Danmhairgis mar chànan cèin. 'S iomadh rud a ghabhadh ionnsachadh le Gàidheil Alba bho eisimpleir nan Eilean Fàrach.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR SAMPAILL]



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL

EP19/H/02

**Gàidhlig
Èisteachd**
Gàidhlig
Listening

Marking Instructions

These Marking Instructions have been provided to show how SQA would mark this Exemplar Question Paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from SQA's Marketing team on permissions@sqa.org.uk.

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

General marking principles for Higher Gàidhlig Listening

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed Marking Instructions, which identify the key features required in candidate responses.

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed Marking Instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Candidates should gain credit for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the speaker's use of language.
- (d) 16-17 marks are awarded for Understanding and 3-4 marks are awarded for Analysis and Evaluation of the language used in the listening section.
- (e) Other answers can be accepted than those in the Marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term "Freagairt iomchaidh eile" to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate's answers.
- (f)
 - i) For questions that ask candidates simply 'Carson...', candidates must present in brief form/name.
 - ii) For questions that ask candidates to 'Minich...' or ask 'Ciamar...', candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - iii) For questions that ask candidates to 'Seall mar a tha...', candidates must identify parts, the relationship between them, and their relationships with the whole.
 - iv) For questions that ask candidates 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates' evidence.

Sgeama ceartachaidh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1		'S iad as fhaisge air na h-Eileanan Fàrach (1) agus tha an neach-labhairt a' dol a bhith bruidhinn mu na dòighean anns a bheil iad coltach ri chèile anns an earrainn (1)	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhiodh freagarrach mar fhreagairtean.
2	a	Buinidh na h-eileanan dhan Danmhairg (1) ach tha tomhas de fhèin-riaghladh aca (1)	2	
2	b	dìon (1), ceartas (1), gnothaichean cèin (1) <i>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeon seo.</i>	2	
3	a	Pàirt a ghabhail (1) ann an co-fharpaisean (ball-coise) eadar-nàiseanta (1)	2	
3	b	Tha àireamh-sluaigh fada nas motha aig an Ostair (1); cha robh aig na h-Eileanan ach cluicheadairean pàirt-ùine (1)	2	
4		Gus am bi i air bun-stèidh nas seasmhaiche (1); gus am bi cosnaidhean ann dhan òigridh (1)	2	
5	a	Gur iad na h-eileanan as tarraingiche san t-saoghal	1	
5	b	Tha an teothachd dualtach a bhith ìosal (1); chan fhaicear a' ghrian cho tric 's a bhiodh dùil (1)	2	
6	a	Lochlannach	1	
6	b	Bha i coltach ris a' chànan (1) a bha ann an Arcaibh agus Sealtainn (1)	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7		<p>Dh'fhaodadh oileanaich a bhith ag ràdh gun robh e èifeachdach no nach robh ach tha e nas fhasa a ràdh gu bheil e èifeachdach agus eisimpleirean a thoirt seachad a bhios a' toirt taic dha seo me:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Mar a chaidh an cànan a thoirmeasg agus mar a chaidh cànan eile a sparradh orra • Mar a bha an comas leughaidh agus sgrìobhaidh air crìonadh gus an tàinig ath-bheothachadh air a' chànan • Mar a chaidh ath-bheothachadh a thoirt air a' chànan <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeon seo.</p>	2	<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.</p> <p>Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca.</p> <p>Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhiodh freagarrach mar fhreagairtean.</p>

[END OF EXEMPLAR MARKING INSTRUCTIONS]